



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

Pàrlamaid na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba



Tha Pàrlamaid na h-Alba air a dèanamh suas de 129 Buill Pàrlamaid na h-Alba, air an taghadh le poball na h-Alba.

Taghaidh na BPA aon BPA mar Phrìomh Mhinistear, ceannard Riaghaltas na h-Alba.

Cuiridh am Prìomh Mhinistear Rùnairean Caibineit is Ministearan an dreuchd. Tha dà dhreuchd aig na BPAan seo mar bhall de Phàrlamaid na h-Alba agus mar bhall de Riaghaltas na h-Alba.

Bheir Riaghaltas na h-Alba a-steach a' chuid mhòr de na bilean don phàrlamaid agus tha e an urra ris poileasaidhean ùra a chur ri chèile air cùisean tiomnaichte, gus Alba a dhèanamh nas fheàrr.

Nuair a bhios bilean air an toirt a-steach mar laghan, tha e an urra ris an Riaghaltas a dhèanamh cinnteach gu bheil na laghan sin gan cur an gnìomh, no gan toirt gu buil.

Bidh an Riaghaltas a' co-dhùnadh mar a thèid buidseat na h-Alba a chosg agus an uair sin a' cur an cèill nam planaichean coisg aca don Phàrlamaid gach bliadhna gus a h-aonta fhaighinn.



- Tha Riaghaltas na h-Alba cunntachail do Phàrlamaid na h-Alba; agus tha an dà bhuidhinn cunntachail do phoball na h-Alba.
- Ann an cleachdadh, tha Riaghaltas na h-Alba air a dhèanamh bhon phàrtaidh no phàrtaidhean a tha a' cumail a' mhòr-chuid de na seataichean anns a' Phàrlamaid.
- Gheibh na Rùnairean Caibineit agus Ministearan taic bho bhuidhnean stiùiridh Riaghaltas na h-Alba, a bhios air an ruith le seirbheisich catharra.

